

# NA DUILLEAGAN GAIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB LIFE AND WORK

AIREAMH 3 | 2014 | AM MART

## Facal Toisich

Bho chionn ghoirid bha mi aig seirbheis ann an eaglais bhrèagha far nach robh mi riamh roimhe sin. Ghabh mi beachd air cho mòr agus cho eireachdail agus a bha an togalach agus cho goireasach agus a bha an talla a bha ri taobh na h-eaglais.

Ach 's e an rud a ghlac m'aire clàr air a' bhalla mar chuimhneachan air fear de na ministearan a bha suidhichte anns a' choitheanal sin. Seo am fiosrachadh a chuir iongnadh orm gu robh am ministear seo trì fichead bliadhna agus a dhà air ceann a' choitheanail.

Canaidh cuid gur e suidheachadh buannachdail a tha ann gum biodh ministear greis mhath anns an aon sgìr. Anns an t-seann aimsir cha robh sin idir neo-chumanta. Thigeadh ministear gu coitheanal 'na òige agus dh'fhuiricheadh e ann gus an leigeadh e seachad an dreuchd. Bhiodh e uaireannan a' tachairt gum biodh ministear a' leantainn ann an cas-cheuman 'athar ann an sgìr.

Their feadhainn eile gu bheil e gu math a' mhinistear agus gu math a' choitheanail nach fuiricheadh e ro-fhada anns an aon àite. Chan eil e furasda a bhith a' lorg rud-eigin ùr a h-uile Sàbaid a bheir treòrachadh agus teagasg don t-sluagh. Tha mi a' cuimhneachadh an-dràsda air ministear a bha ann an còig sgìrean eadar-dhealaichte, air tìr-mòr agus anns na h-eileanan. Rinn e obair ionmholtas anns gach coitheanal anns an robh e agus fhuair daoine beannachd o a mhinistrealachd.

Tha mi a' creidsinn gu bheil e an crochadh air an duine agus air a' choitheanal. Tha àiteachan ann far a bheil iad a' faireachadh gu robh e buannachail gu robh ministear aca a dh'fhuirich mòran bhliadhnan a' cur eòlais air daoine ri amannan aoibhneis agus amannan bròin, dlùth dhaibh air làithean àbhaisteach agus làithean sònraichte. Tha àiteachan eile ann agus 's dòcha gu bheil e a' dèanamh feum a bhith a' tòiseachadh air cùrsa ùr an ceann còig no deich bliadhna.

'S e an duilgheadas nar latha gu bheil teachdairean an t-Soisgeil a' fàs cho gann. Tha còir againn a bhith ag ùrnaigh gun tig ùrachadh spioradail agus an lùib sin thig tuilleadh luchd-obrach airson fion-lios an Tighearna.

**Gach beannachd gu robh agaibh,  
Ruairidh MacLeòid**



**Duine a bhios a' siubhal ri taobh Loch Obha chì e eaglais air a bheil coltas glè shean. Ach cha deachaidh crìoch a chur air an eaglais annsaich seo gu 1930. Anns an t-seann dealbh seo chì sibh Eaglais Chonain mar a bha i aig deireadh na naodhamh linn deug. Rinneadh atharrachaidhean oirre anns an fhicheadamh linn. A-nis tha oidhirpean air tòiseachadh air obair chàraidh a dhèanamh oirre. Bidh tuilleadh fiosrachaidh againn ann an iris a' Ghiblein.**

## Cùil nan Ceist

'S e "seirbheisich" an cuspair air a bheil sinn a' cur cheist air a' mhìos seo. ('S e "òglach" am facal a tha againn uaireannan anns a' Bhìoball air daoine a bha 'nan seirbheiseich eadar-dhealaichte. Bha cuid dhìùbh 'nan tràilleann gun mòran shochair, feadhainn a bha air an tuarasdalachadh aig neach eile. Gheibhear freagairt nan ceist air an duilleig chùil.

1. Dè an t-ainm a bha air seirbheiseach Shaul? (2 Sàmuil, caibideil 9.)
2. Lìon a' bheàrn - "Cha mhò an t-òglach na a ----". (Soisgeul Eòin, caibideil 13.)
3. Dè an t-ainm a bha air seirbheiseach an àrd-shagairt? (Soisgeul Eòin, caibideil 18.)
4. Cò a thug air a sheirbheisich teicheadh do an taighean? (Ecsodus, caibideil 9.)

# Searmon Beag

A Thighearna, rannsaich Thu mi, agus is aithne dhut mi. (Salm 139:1)

Tha ceud gu leth salm ann an Leabhar nan Salm. Tha mi a' creidsinn gu bheil feadhainn de na sailm air a bheil sinn gu h-àraidh measail.

Cò nach robh eòlach o làithean an òige air *Salm a' Bhuachaille*, an treas salm thar fhichead?

Tha Gàidheil dèidheil air an aona salm thar shia fichead agus iad a' còmhnaidh ann an tìr nam beann is nan gleann.

Tha na briathran làidir misneachail a tha againn anns an t-siathamh salm thar an t-sia fichead air cofhurtachd agus ùrachadh creidimh a thoirt do dhaoine ann an iomadach linn, Màrtainn Luther air fear dhiùbh.

Is glè thoigh leam fhèin an naodhamh salm deug thar an t-sia fichead. 'S e salm pearsanta a tha seo. Ann an cuid de na sailm 's e *sinn* a tha aig Daibidh, mar gum biodh e a' labhairt às leth feadhainn eile. Ach anns an t-salm seo 's e *mi* agus *mo* a tha e a' cleachdadh.

1. *Tha an salm seo a' bruidheann air Dia a tha uil'-fhiosrach.*

Sin an smuain leis a bheil an salm seo a' fosgladh: A *Thighearna, rannsaich Thu mi, agus as aithne dhut mi.* B'aithne do Dhia gach nì ma thimcheall. Bha Dia mion-eòlach air na rudan matha agus na rudan dona 'na bheatha. Bha Dia mion-eòlach air gach neart agus gach laigse a bha 'na chridhe. Cha robh facal a bha e a' labhairt, cha robh gnìomh a bha e a' dèanamh, seadh, cha robh smuain 'na inntinn, nach robh Dia a' faicinn.

2. *Tha an salm seo a' bruidheann air Dia a tha uile-làthaireach.*

Tha an salm a' faighneachd, *Càit an tèid mi od Spiorad, agus càit an teich mi od ghnùis?* Cha robh àite air aghaidh na talmhainn far am b'urrainn dha teicheadh on Dia bheò. *Tha*

*sùilean an Tighearna anns gach àite*, tha sinn a' leughadh ann an Leabhar nan Gnàthfhacal.

Dh'fhiach lònah am fàidh ri teicheadh o làthair an Tighearna. Dhiùlt e àithne Dhè gu dol gu Ninebheh leis an teachdaireachd a thug Dia dha. Ach thuig e air a' cheann mu dheireadh nach b'urrainn dha teicheadh o Dhia.

3. *Tha an salm a' bruidheann air Dia a tha uile-chumhachdach.*

Nuair a ghabhadh Daibidh beachd air a' chuan 'na mhòrachd, chìtheadh e an sin cumhachd Dhè. Nuair a choimheadadh e ris na beanntan, mar a bhiodh e a' dèanamh tric, bha iad a' labhairt ris-san mu neart an Uile-chumhachdaich a chruthaich na na nèamhan agus an talamh. Ach cha ruigeadh e a leas ach a bhith a' coimhead air fhèin gu bhith a' faicinn cumhachd Dhè. Tha àite sònraichte aig an duine ann an obair a' chruthachaidh.

Thug cuideigin *Urnaigh an duine ghlic* air an t-salm seo. Agus tha an salm a' crìochnachadh leis an ùrnaigh ghlic seo: *Rannsaich mi, a Dhè, agus aithnich mo chridhe; dearbh mi, agus tuig mo smuaintean; agus amhairc a bheil slighe olc annam, agus treòraich mi anns an t-slighe shiorraidh.*

## Toiseach Tòiseachaidh ùr do dh'Eaglais Inbhir Aora

Fad còrr math is dà cheud bliadhna tha eaglais eireachdail air a bhith 'na seasamh ann am meadhan baile Inbhir Aora. Bha an eaglais na b'fhollaisiche buileach nuair a bha stìoball oirre. Aig àm a' chogaidh

## Leabhraichean

Tha ainm an leabhair seo ag innse cò mu dhèidhinn a tha e. 'S e a tha ann cunntas air na h-atharrachaidhean a thàinig air Lios Mòr a thaobh adhartais, fuadaichean agus daoine ùra a' tighinn a-steach eadar 1830 agus 1914, àm cudthromach ann an eachdraidh an eilein seo a tha cho sònraichte ann an spioradalachd nan Gàidheal.

Tha Raibeart Hay mion-eòlach air an eilean mu bheil e a' sgrìobhadh, agus tha e air pàirt den fhiosrachadh a chruinnich e mu eachdraidh Lios Mòr a chur an clò roimhe seo. Faodar earbsa a chur anns na nithean a tha e a' sgrìobhadh.

Ann an 1831 bha faisg air mìle gu leth neach a' fuireach ann an Lios Mòr. Ann an 1861 bha àireamh an t-sluaigh air tighinn a-nuas gu 865. Ann an 1881 bha an àireamh air cromadh a-

How an Island Lost its People

Robert Hay

(Urras Leabhraichean nan Eilean. £9.99.)

rithist gu 621. Bha Lios Mòr air fear de na h-eileanan a dh'fhuiling ri linn nam fuadaichean. Anns an linn againne tha àireamh an t-sluaigh air tighinn a-nuas on naoidhamh linn deug, ach 's e eilean beothail adhartach a tha ann.

Tha eaglaisean agus ministearan Lios Mòr a' faighinn àite anns an leabhar ùr seo. Dh'innis ministear na sgìre ann an 1846 gu robh sia ceud duine air eilean a bha ann am bochdainn a chionn gu robh gaiseadh anns a' bhuntàta.

Chaidh grunn leabhraichean a sgrìobhadh mu eachdraidh an eilein ainmeil seo. Tha an leabhar seo cho fiosrach agus cho cinnteach ri leabhar a sgrìobhadh mu ghin de na h-eileanan agus e a' coimhead gu mionaideach air na h-oighreachdan agus na bailtean eadar-dhealaichte.

mu dheireadh thugadh an stioball a-nuas. Bha a h-uile dùil gum biodh an stioball air a chur air ais 'na àite an dèidh a' chogaidh, ach chaidh na clachan air chall agus tha an eaglais fhathast gun stioball.

Bha mullach agus taobh a-muigh na h-eaglais feumach air an càradh agus chosg an obair leasachaidh seo trì cheud mìle not. Anns an Fhaoilleach chumadh seirbheis shònraichte airson a bhith a' comharrachadh gu robh an obair mhòr seo ullamh. Bha coitheanal math an làthair on choimhearsnachd a bharrachd air aoighean a fhuair cuireadh, buill Pàrlamaid 'nam measg.

A' gabhail compàirt anns an t-seirbheis bha feadhainn aig an robh ceangal ris a' choitheanal anns na bliadhnan a dh'fhalbh. Rinneadh ùrnaigh an ath-choisrigidh leis an Urr. Brian MacUilcein, a bha 'na mhinistear ann an Gleann Aora agus Inbhir Aora gus an do leig e dheth uallach coitheanail ann an 2007. Chaidh na Sgrìobtaran a leughadh le Gilleasbaig MacGhille Ghlais. Chaidh 'athair-san, an t-Urr. Aonghas MacGhille Ghlais, a shuidheachadh mar mhinistear anns an eaglais ann an 1940.

Nuair a dh'fhosgladh eaglais Inbhir Aora bha dà choitheanail ag adhradh anns an aon togalach. 'S e an coitheanal Beurla a bha ag adhradh anns a' phàirt den eaglais far a bheil seirbheisean air an cumail an-diugh. Bha ministear Gàidhlig agus ministear Beurla anns an sgìr agus bhiodh na seirbheisean Gàidhlig air an cumail anns a' chuid den togalach a tha air a cleachdadh mar thalla na h-eaglais. Tha am bòrd Comanachaidh a bhiodh an coitheanal Gàidhlig a' cleachdadh air a ghlèidheadh anns an eaglais.

Cha robh na ceanglaichean Gàidhlig a tha aig eaglais

Inbhir Aora idir air an cur air dòchuidhne anns an t-seirbheis àlainn a bha seo. Sheinn dithis chaileagan òga, Holly Renton agus Cara Blyth, a choisinn bonn airson càraid aig a' Mhòd Nàiseanta, ann an Gàidhlig. Sheinn Ethel NicCaluim an laoidh *A' Choinneal Bhuan*, an laoidh bhrèagha a sgrìobh Ceiteag NicGriogair, nach maireann, agus a chaidh fhoillseachadh an toiseach anns *Na Duilleagan Gàidhlig*. Thug am ministear, an t-Oll. Urr. Louis Bezeidenhout, taing do dh'Ethel ann an Gàidhlig.

Ged is e latha toilichte a bha ann, bha bròn 'na chois, oir sin an t-seirbheis mu dheireadh aig an Oll. Bezeidenhout, oir tha e fhèin agus a bhean, Elsie, air gluasad nas fhaide tuath gu Clèir Mhoireibh. Thugadh tìodhlacan-spèis dhaibh le chèile on choitheanal. Na bu tràithe fhuair iad tìodhlacan o choitheanalan Chumlodain, Taobh Loch Fin agus Loch Gearr, a tha a-nis ceangailte ri Gleann Aora agus Inbhir Aora.



**Seo an eaglais ann an Inbhir Aora a dhealbhadh an t-aiillteir iomraiteach, Raibeart Mylne, ann an 1792. B'ann an 1957 chaidh a' chuibhreann Ghàidhlig atharrachadh gu bhith 'na talla-eaglais.**

## Gàidhlig Shìmplidh

**Ceann-teagaisg airson a' mhios seo:**  
**"Is mise a' bheatha."**  
 'S e losa a thubhairt sin. Tha na faclan sin

sgrìobhte ann an Soisgeil Eòin, an ceathramh caibideil deug, aig an t-siathamh rann. (Eòin 14:6.) Thàinig losa airson beatha fhìor a thoirt dhuinn. Tha e a' gealltainn beatha shìorraidh don fheadhainn a tha ga leantainn. Chaidh E Fhèin tron bhàs agus thàinig E beò a-rithist aig àm na Càisge. 'S e facal brèagha a tha ann am "beatha".

An latha roimhe leugh mi leabhar taitneach mu thaighean-solais na h-Alba. Smaoinich

mi gu bheil am Bioball coltach ri taigh-solais. Seallaidh taigh-solais do mharaichean far a bheil cunnartan, sgeirean agus creagan. Seallaidh taigh-solais dhuinn far a bheil slighe a tha sàbhailte. Tha am Bioball mar sin cuideachd. Tha e ag innse dhuinn mu na rudan a tha cronail. Tha e ag innse dhuinn mu na rudan a tha math agus ceart.

**Seanfhacal airson a' mhios seo:** "Is tric a thàinig trod mòr à adhbhar beag. (Often has a great

quarrel come from a small cause.) Bha sin gu tric fìor ann an eachdraidh. Thòisich cogaidhean o rud-eigin a tha a' coimhead beag aig an àm. Eiridh deasbad am measg dhaoine o aon facal a chaidh a ràdh aig an àm cheàrr no anns an dòigh cheàrr. Faodaidh rud beag a bhith 'na bheannachd. Faodaidh rud beag a bhith 'na mhallachd.

Aig an àm seo bidh mòran dhaoine a' smaoinichadh air làithean saora. Anns na pàipearan-

naidheachd tha sanas ann airson daoine a thàladh. 'S toigh le mòran dhaoine a bhith a' fuireach ann an Alba. Bidh daoine aig a bheil an dachaigh anns na bailtean mòra a' cur seachdain no dhà seachad anns na h-eileanan. Bidh feadhainn a tha a' fuireach anns na h-eileanan a' dol do na bailtean air làithean saora. Bidh daoine eile a' dol gu dùthchannan eile far a bheil blàths. Tha feum againn uile air fois. Nì sin feum don chorp agus don inntinn.

# AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU.  
Fòn: 01499500 629 Post-dealain: ruairidhmacleoid@btinternet.co.uk.

## Thall 's a-Bhos

### A' CHAISG

Tha a' Chàisg glè fhada gun a bhith ann am bliadhna.  
Bidh Sàbaid na Càisge ann air an fhicheadamh latha den  
Ghiblean. Air an ath mhìos bidh searmon, laoidhean  
agus sgrìobhaidhean eile againn airson na Càisge.

### RANN

*Bha do ghràdh gun tùs a riamh,  
'Na nàdar sìorraidh fuiridh e,  
Cha bhi deireadh air gu bràth,  
'S e 'n cuan gun tràigh gun iomall e;  
A thaobh a dhoimhne leud is àird  
Tha 'chainnt as fheàrr ro-chumhang air,  
'S tha fhad 'na dhìomhaireachd cho làn,  
'S tha 'n Tì as àirde fuireach ann.*

Seo rann às an laoidh a sgrìobh Iain Mac a' Ghobhainn,  
*Gràdh Chrìosd*. Tha iomadh dàn againn anns a' Ghàidhlig  
air a' chuspair seo, ach chan eil aon ann cho drùidhteach  
no cho domhainn ris an laoidh seo. Bhuineadh am bàrd  
do Bheàrnaraigh Leòdhais, eilean far an do rugadh  
iomadh bard comasach.

### IAIN FEARCHAR ROTHACH

Nuair a bha sinn ag ullachadh na h-iris seo chuala sinn  
an naidheachd gun do chaochail Iain Fearchar Rothach,  
an sàr Ghàidheal sin a bha cho dìcheallach ann a bhith a'  
seasamh còraichean nan Gàidheal agus còraichean a  
dhaoine. Chuir e dà fhichead bliadhna seachad mar  
chomhairliche agus mar bhall de Phàrlamaid na h-Alba.  
Bha e dileas don Eaglais agus ghabh e tlachd ann a bhith  
ag obair am measg na h-òigridh.

### AN TOIMHSEACHAN

Bha sinn an dùil Tòimhseachan Tarsaing a chlà-  
bhualadh roimhe seo ach cha d'fhuair sinn cothrom sin  
a dhèanamh. Tha sinn an dòchas Tòimhseachan a thoirt  
am follais ann an iris a' Ghiblein.

### FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh mu  
sheirbheisich. 1. Siba. 2. —mhaighistir. 3. Malchas. 4.  
Phàroah.

### ADHBHAR GAIRE

Disathairne bha seirbheis phòsaidh aig a' mhinistear.  
Mar a b' àbhaist, bhiodh cleòca mòr dubh air nuair a bha  
e air ceann na seirbheis. An ath sheachdain bha e a'  
bruidheann ri nighean bheag a bha aig an t-seirbheis.  
Thubhairt ise, "Chunnaic mise sibh aig a' bhanais  
Disathairne. Bha dreasa fada dubh oirbh."

## Urnaigh

A Dhè bheannaichte,  
ann an saoghal caochlaideach  
tha sinn gad mholadh  
airson neo-chaochlaidheachd do nàdair.  
Is Dia tròcaireach Thu,  
agus cha tig atharrachadh  
air an tròcair sin.  
Is Dia cumhachdach Thu,  
agus cha tàinig fannachadh  
air neart do làimhe.  
Is Dia sìorraidh Thu,  
agus tha Thu an-diugh  
mar a bha Thu anns na linntean a dh'fhalbh.

Amen

**An dealbh air an aghaidh:**  
**Aig aon àm cha robh baile anns**  
**na h-Eileanan an Iar cho iomallach**  
**ri Rèineagadal anns na Hearadh.**  
**Chan fhaigheadh tu thuige**  
**ach air ceum-coise no air bàta.**  
**Ach a-nis tha rathad math**  
**a' ceangal a' bhaile**  
**ris a' chòrr de na Hearadh.**  
**Thog Linda Gowans an dealbh seo**  
**nuair a bha an rathad ùr ga thogail.**